I Urnuigh II

A Dhè ~~ghràsmhor~~ Naoimh agus ~~uile-chumhachdaich~~;
dha an aithne smuaineachadh, cor agus
feum gach neach, co dh'ionnsaidh
a thig sinn ach gu ad d-ionnsaidh-sa
oir is Tusa, a mhàin, a dh'éisdeas agus
a fhreagras urnuigh.
Gléus agus seulaich ar cridheachan le
deachdadh do an Spioraid Naoimh,
chum gun deanamaid aoradh Dhuit-
sa an spiorad agus ann an fìrinn.
Moladh gun robh do t-ainm Naomh
airson gach beannachd agus gach maitheas,
a tha sinn a sealbhachadh fo do
laimh thoirbheartaich.
Agh buidheachas sonraichte a bhi
Dhuit airson do thiodhlaic do-labhairt-
-Iosa Criosd, ar Tighearna.
Criod a dh'iocas sinn Dhuit airson a
mhòr ghràidh leis an do ghràdhaich Thu-

2/ an saoghal tridsan;

Glòir Dhuit airson tiodhlaic an Spioraid Naoimh – an Spiorad sin a tha ullamh chum inntinnean dhaoine a threorachadh chum gach uile fhìrinn; agus reachd ~~an~~ na saorsa a dheanamh soilleir dhaibhsan uile leis an ~~[illegible]~~ ait.

A Dhe Naoimh, ma their sinn nach 'eil peacadh annainn, tha sinn g'ar mealladh fhéin, agus chan 'eil an fhìrinn annainn,
Ach ma dh'aideaicheas sinn ar peacadh, tha Thusa deas gus ar n-uile chionta a mhathadh dhuinn, agus ar glanadh o na h-uile neo-fhìreantachd.
Ann an :: ainm Chriosd agus air a sgath, duibh as ar lochdan agus falaich iad uile ann an cuan do ghràidh.
Thoir dhuinn, tha sinn a guidhe, ìr-sheallad air do ghràidh – mar a chithear e ann an

fulangas do Mhic Íosa Críosd.
Éid sinn le do ghràs air chor
agus gun robh sinn beo, a so suas, mothachail
air slàinte cho mòr, agus a dearbhadh
ar creidimh ann an làn-umhlachd
d'ar thoilsa.

Athair na sìth, agus Dia na h-uile
comhfhurtachd, a dh'fhosgail tobar na
beatha dhuinn tréimh dheanadair.
Chriosd, agus a tha toirt cuireadh fialaidh
do gach neach air am bheil tart-
-iadh ol Dé gu saor-deonaich dhuinn
spioraid ghliocais agus tuigse chum a
bhith beachdsmuaineachadh ar neachd-
-ar-saorsa, a tha so thuigseach do gach
neach a chreideas ann-san.
O na ghairm Thu sinn chum co-chomunn
do Mhic Íosa Críosd - neartaich sinn
an ceann gach dleasanais, agus
sgeadaich sinn le tuigsean na

fíreantacht a tha do na h-uile, agus ar
na h-uile a chreideas. ~~Amen~~

Coimhead sinn le do chumhachd
tre chreidimh chum slaintó, agus na
leig sinn an buaireadh sinn, ach saor
sinn o olc.

Cuartaich sinn domhan le do ghrádh
agus le do ghràs chum a bhi samhail
dluth 'nar beatha ri Criosd sag-
iarrtaich a mhain do ghloir.

A ionmhasan do ghrais
úraich ar spioraid gach la, chum gum
bitheadh dhuinn aoibhneas agus sith
do shluaigh.

Deonaich gum robh againn deadhbheachd
a chreidimh chum gum robh an
Spiorad naomh a deanamh fianuis
le ar spioradaibh gur sinn lochlan
tre Iosa Criosd, ar Tighearna-

Amen.